

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

*Is urrainn dhomh innse mu prìomh thachartasan ann an eachdraidh Runrig.*

- Cruthaich faidhle-fiosrachaidh/loidhne-tìme mu prìomh thachartasan ann an eachdraidh Runrig.
- Cruthaich faidhle-fiosrachaidh mu na buill eadar-dhealaichte a bha ann an Runrig agus nam buill an-diugh.
- Rannsaich dè na h-ionnstramaidean a tha na buill eadar-dhealaichte de Runrig a cluiche.
- Rannsachadh a dhèanamh air aon dhe na h-ionnstramaidean a bhios aon den na buill a' cluich agus taisbeanadh de thoraidhean a chruthachadh
- Is urrainn dhomh rannsachadh a dhèanamh air na còmhlan a thug buaidh air Runrig.

*'S urrainn dhomh aithris/seinn feadhainn dhe na h-òrain aig Runrig.*

Faidhle a chruthachadh le aon dhe na h-òrain agus na faclan ionnsachadh.

*'S urrainn dhomh tuairisgeul a thoirt air cuid dhe na h-àiteachan air na thadhail Runrig thairis nam bliadhnan.*

- Seall air mapa cuid dhe na t-àiteachan air na thadhail iad.
- Mar phàirt de bhuidheann beag, cruthaich liosta de cheistean a b' urrainn dhut faighneachd dhaibh. Bu choir gach neach cuideigin eadar-dhealaichte bhon chòmhlan a thaghadh.



## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

An urrainn dhut innse mu na prìomh thachartasan a ghabh àite ann an eachdraidh Runrig?

Dè na h-ionnstramaidean a tha ri chluinntinn ann an Runrig?

Ciamar a tha seo air atharrachadh on a thòisich iad?

Dè an dòigh anns an tug luchd-ciùil eile buaidh air Runrig?

Dè am fear de dh'òrain Runrig as fhèarr leat is carson?

Càit am bu chaomh leat a dhol a dh'èisteachd ri Runrig?

Dè na ceistean as inntinniche a b' urrainn dhut faighneachd dhan chòmhlan?



## EÒLASAN IS BUILEAN

*Tha mi air èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus is urrainn dhomh mo bheachdan agus m' fhaireachdainn innse agus a dheasbad. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a thoirt air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile.*

**EXA 1-19a / EXA 2-19a**

*Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhineachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t-saoghal mhòr.*

**SOC 2-14a**

*'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd ceistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn.*

**LIT 2-07a**

*Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheòthail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.*

**LIT 2-10a / LIT 3-10a**

## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

[www.runrig.co.uk](http://www.runrig.co.uk)

